

Aonadan Litearraais Nàiseanta: Stiùireadh mu ullachaidhean do thagraichean ciorramach agus/no aig a bheil feumalachdan taice eile.

Bu chòir dearbhadh a bhith agaibh ma tha feum aig ur n-ionad air gin de na h-ullachaidhean seo.

1. Am faod mi neach-leughaidh a chleachdadh anns na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta?

Faodaidh sibh neach-leughaidh a chleachdadh anns na pàirtean sin de na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta far nach eil sgilean leughaidh gam measadh.

Tha leughadh na phrìomh sgil anns na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta. Feumaidh sibh sealltainn gu bheil an sgil seo agaibh.

2. Am faod mi neach-sgrìobhaidh a chleachdadh anns na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta?

Faodaidh sibh neach-sgrìobhaidh a chleachdadh nuair nach eil sgilean sgrìobhaidh gam measadh.

Tha sgrìobhadh le pongalachd theignigeach na phrìomh sgil anns na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta. Feumaidh sibh sealltainn gu bheil an sgil seo agaibh.

3. Am faod mi neach-leughaidh a chleachdadh anns a' Bheurla agus/no anns a' Ghàidhlig?

Mas àbhaist dhuibh a bhith a' cleachdadh neach-leughaidh airson ur n-obair anns a' Bheurla no anns a' Ghàidhlig faodaidh sibh neach-leughaidh a chleachdadh anns a' mheasadh.

4. Am faod mi neach-sgrìobhaidh a chleachdadh anns a' Bheurla agus/no anns a' Ghàidhlig?

Mas àbhaist dhuibh a bhith a' cleachdadh neach-sgrìobhaidh airson ur n-obair anns a' Bheurla no anns a' Ghàidhlig faodaidh sibh neach-sgrìobhaidh a chleachdadh anns a' mheasadh.

5. Am Faod mi Cànan Soidhnidh Bhreatainn a chleachdadh anns na h-Aonadan Litearraais Nàiseanta?

Faodaidh, ach dìreach anns na h-earrannan Bruidhinn agus Èisteachd. Chan fhaodar ann an Sgrìobhadh agus Leughadh.

Feumaidh cothrom a bhith aig gach neach ann am buidheann a bhith an sàs anns a' chòmhradh

6. Dè na modhannan-taice/ullachaidhean eile as urrainn dhomh a chleachdadh?

Tha an clàr [air an ath dhuilleig] a' sealltainn nam modhannan-taice/ullachaidhean a tha freagarrach ann am measadh nan ceithir sgilean anns na h-Aonadan Litearrais Nàiseanta.

Taic a tha ceadaichte airson nan Aonadan Litearrais Nàiseanta¹

Measadh sgilean leughaidh
Barrachd ùine
Faclairean
Teacsa diofraichte a leithid <i>braille</i> , clò mòr, dath, meudachd font, stoidhle font
Leughadair-sgrion
clò-sgrìobhadair
Neach-taice pragtaigeach
Promptair
Neach-sgrìobhadh

Measadh sgilean sgrìobhadh
Barrachd ùine
Faclairean
Bathar-bog guth-aithneachail (teicneolas taiceil)
clò-sgrìobhadair le dearbhadh-litreachaidh
Tras-sgrìobhadh gun cheartachadh
Neach-taice pragtaigeach
Promptair
Neach-leughaidh

Measadh sgilean bruidhinn
Barrachd ùine
Promptair
Cànan Soidhnidh Bhreatainn
teicneolas taiceil
Neach-taice pragtaigeach
Neach-leughaidh
Neach-sgrìobhadh

Measadh sgilean èisteachd
Barrachd ùine
Promptair
Cànan Soidhnidh Bhreatainn
teicneolas taiceil
Neach-taice pragtaigeach
Leughadh bhilean
Neach-leughaidh
Neach-sgrìobhadh

Ionad Seirbheis Luchd-gabhail

F: 0345 279 1000
p-d: customer@sqa.org.uk
W: www.sqa.org.uk

BA6629 Lùnastal 2013

¹Chan e liostaichean slàn a tha seo. Ma tha sibh feumach air modh-taice nach eil an seo cuiribh fios dhan ionad agaibh.